

DREUCHD	Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh (Fòrladh Màthaireil)
ROINN	Margaidheachd is Conaltradh
FO STIÙIR	Prionnsapal Sabhal Mòr Ostaig
UALLACH AIRSON	Àrd-dhealbhadair, Deasaiche an Làraich-lìn, Oifigear Susbaint Didseatach, Oifigear Trusadh Oileanach
ÌRE TUARASTAIL	£45,089-£52,806
PRÌOMH ÀITE-OBRAICH	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8QR. Cuirear fàilte air iarrtasan airson a bhith ag obair le dòigh-obrach mheasgaichte (nur dachaigh is aig a' cholaiste).
CÙMHNANT	12-15 mìosan (Dàmhair 2024 - Dùbhlachd 2025)

PRÌOMH DHLEASTANASAN

- A' toirt ceannas, taic agus stiùir dhan sgioba Mhargaidheachd is Chonaltraidh.
- A' dealbh, a' cur an gnìomh agus ag ùrachadh Plana Gnìomh na Roinne a rèir amasan Ro-innleachd Sabhal Mòr Ostaig 2023-28; a' cuideachadh le bhith a' cur inbhe Sabhal Mòr Ostaig air adhart mar an t-Ionad Nàiseanta airson Cànana is Cultar na Gàidhlig sna prìomh mhargaidhean aca.
- A' dealbh agus a' cur an gnìomh poileasaidh conaltraidh taobh a-staigh/a-muigh na Colaiste, agus sibh a' togail cheanglaichean buadhach le saoghal na Gàidhlig san fharsaingeachd agus le prìomh mhargaidhean is luchd-ùidhe.
- A' cur taic ri Prionnsapal Sabhal Mòr Ostaig le cùisean PR agus a' cruthachadh/a' foillseachadh prìomh theachdaireachdan na Colaiste a bhios a' togail air rannsachadh air ar margaidhean.
- Ag obair aig ìre ro-innleachdail le ceannardan roinne eile airson dèanamh cinnteach gun tèid sanasachd bhuadhach a dhèanamh air prìomh theachdaireachdan, cùrsaichean, pròiseactan, goireasan agus rannsachadh Sabhal Mòr Ostaig agus an t-sanasachd sin ag amas air na margaidhean ceart.
- A' cumail sùil air, agus bidh sibh mothachail air, pàtran an sna margaidhean, na margaidhean air a bheil sinn ag amas agus na h-ionadan is buidhnean a tha a' farpais rinn gus an urrainn dhuibh ro-innleachdan is planadh margaidheachd a stiùireadh.
- A' toirt stiùireadh agus taic dhan Oifigear Trusadh Oileanach gus planaichean is dòighean trusaidh a dhealbh, a chur an gnìomh agus a sgrùdadh.
- A' toirt stiùireadh agus taic dhan Àrd-dhealbhadair, Deasaiche an Làraich-lìn agus dhan Oifigear Susbaint Didseatach, agus bidh coinneamhan cunbhalach ann. Bidh sibh a' dèanamh sgrùdadh is ath-sgrùdadh air Amasan an sgioba gus cur ris cho follaiseach 's a tha Sabhal Mòr Ostaig air-loidhne agus far-loidhne, agus sibh a' dèanamh measadh air dàta gu cunbhalach gus piseach a thoirt air ìrean coileanaidh.
- A' cumail rian air buidseat na roinne.
- A' toirt leasachadh air a' Chomann Luchd-ceuma.

- A’ cruthachadh/a’ dèanamh taisbeanadh air aithisgean, sgrùdaidhean bho àm gu àm, agus a’ dèanamh ùrachadh air dàta KPI gach ràith còmhla ris an sgioba.
- Dleastanasan sam bith eile a tha freagarrach airson na dreuchd.

Comasan an Neach-obrach

	Comasan riatanach	Comasan a bhiodh nam buannachd
Teisteanasan agus trèanadh proifeiseanta no dreuchdail	Ceum no eòlas buntainneach co-ionann ri ceum	Teisteanasan proifeiseanta airson nam meadhanan/margaidheachd agus/no conaltradh
Sgilean	<p>Fileanta sa Ghàidhlig – ga sgrìobhadh is ga bruidhinn</p> <p>Sàr sgilean conaltraidh</p> <p>Sàr sgilean eadar-phearsanta</p> <p>Sàr sgilean taisbeanaidh</p> <p>Eòlas air margaidheachd, conaltradh agus na meadhanan</p> <p>Eòlas air teicneòlas didseatach</p>	<p>Mothachail air a’ Phlana Ghàidhlig</p> <p>Mothachail air agus tuigse agaibh air an t-saoghal phoilitigeach sam bithear a’ stèidheachadh phoileasaidhean airson na Gàidhlig ann an Alba</p>
Eòlas	<p>Eòlas air a bhith ag obair leis na meadhanan</p> <p>Eòlas air a bhith a’ stiùireadh sgioba</p>	Eòlas air a bhith ag obair ann an roinn an Fhoghlaim

Fiosrachadh eile:

’S e Sabhal Mòr Ostaig am fastaiche a bhios agaibh

- Bidh sibh ag obair 35 uairean san t-seachdain (tha sinn deònach beachdachadh air iarrtasan airson uairean-obrach sùbailte)
- 35 làithean-saora gach bliadhna (a’ gabhail a-steach làithean-saora poblach). Thathar an dùil gun cleachd sibh pàirt dhen fhòrladh bhliadhnail agaibh thairis air àm na Nollaig nuair a bhios a’ Cholaiste dùinte. Tha bliadhna nan làithean-saora a’ dol bho 1 Faoilleach gu 31 Dùbhlachd.
- Tha pròiseas airson measaidhean-obrach bliadhnail aig a’ Cholaiste
- Thathar an dùil gun gabh luchd-obrach pàirt ann an cùrsaichean trèanaidh riatanach agus gum bi iad deònach na sgilean aca a leasachadh tro chothroman leasachaidh proifeiseanta

- Bidh Sabhal Mòr Ostaig a' toirt taic do luchd-obrach le bhith a' leasachadh nan sgilean Gàidhlig aca
- Tha sgeama peinnsein aig Sabhal Mòr Ostaig le Scottish Widows agus bidh cothrom aig luchd-obrach cuideachd clàradh airson an sgeama àrachais bheatha
- 'S e Sabhal Mòr Ostaig am prìomh àite-obrach, ach bidh agaibh ri siubhal bho àm gu àm gu coinneamhan is tachartasan. Tha sinn deònach beachdachadh air iarrtasan bho dhaoine a tha airson a bhith ag obair air astar, leis an tuigse gum bi agaibh ri tighinn dhan Cholaiste bho àm gu àm.

'S i a' Ghàidhlig cànan na Colaiste agus feumaidh e a bhith comasach dhuibh a bhith ag obair sa Ghàidhlig gach latha.

Tha cothroman trèanaidh ann gus ur cuideachadh le bhith a' toirt piseach air ur sgilean cànan.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air Sabhal Mòr Ostaig air ar làrach-lìn. Gheibhear foirm-iarrtais bhon làrach-lìn le bhith a' tadhal air an earrainn 'A' Cholaiste' agus a' cliogadh air 'Cothroman Obrach'.

Bu chòir iarrtasan a chur gu obair@smo.uhi.ac.uk ro 5f air 22 Lùnastal 2024.